

# Tabitha agus na blàthan-sirist



Tony Langham • Lynne Willey




# Caibideil 1

'S e cat iongantach a bha ann an Tabitha.  
Bu toil leatha a bhith a' siubhal o àite  
gu àite. Bu toil leatha a bhith a' faicinn  
àiteachan ùra agus daoine ùra.  
Latha bha siud chaidh Tabitha air  
plèana, gun fhios do dhuine,  
agus ràinig i Iapan.



Ann an Iapan bha seann bhoireannach,  
A' Bh-ph. Koyama a' fuireach. Bha  
gàrradh àlainn aice le mòran  
phlanntaichean annasach, ach 's e  
craobh bhlàth-sirist an tè a b' fhèarr  
leatha dhiubh uile. Bha a' chraobh sin  
uabhasach sean agus bha blàthan  
brèagha pinc oirre.





Latha bha siud bha A' Bh-ph. Koyama sa  
ghàrradh agus chual' i fuaim.  
Choimhead i am measg nan lusan.  
Cha robh dad ann.

Ach chual' i am  
fuaim a-rithist.  
Bha e a' tighinn  
à craobh nam  
blàthan-sirist.



An sin, air cùl na craoibhe,  
mhothaich A' Bh-ph. Koyama dha  
Tabitha.



Bha Tabitha air a spòg a ghoirteachadh.  
Ghèarr i a spòg air gloinne a bha air  
an t-sraid faisg air an taigh aig  
A' Bh-ph. Koyama.  
“Miau!” arsa Tabitha nuair a chunnaic i  
A' Bh-ph. Koyama.  
“A chreutair bhoichd,”  
ars A' Bh-ph. Koyama.  
“Bheil do spòg goirt?”  
“Miau!” arsa Tabitha a-rithist.




Thog A' Bh-ph. Koyama Tabitha gu faiceallach agus thug i a-steach dhan taigh i.

Chuir i Tabitha sìos air a' bhòrd.

An uair sin fhuair i bobhla le uisge blàth, agus rud beag cotain.

Ghlan A' Bh-ph. Koyama spòg Tabitha. Chuir i acfhainn agus bann oirre.



Às dèidh sin rinn A' Bh-ph. Koyama leabaidh dha Tabitha le bogsa cairt-bhòrd.

“Nis, ’s fheàrr dhut cadal,” thuirt i, agus chuir i às an solas.

Bha Tabitha cho sgìth ri cù.

Bha i air astar fada a choiseachd an latha ud agus cha b' fhada gus an robh i na suain chadail.





An ath latha thug A' Bh-ph. Koyama bainne dha Tabitha. Às dèidh sin chuir i ann am bogsa i, agus thog i am bogsa a-mach dhan ghàrradh. Chuir i am bogsa sìos fon chraoibh bhlàth-sirist agus chùm i oirre le a h-obair.



Greiseag às dèidh sin chuir A' Bh-ph. Koyama Tabitha ann am basgaid agus thug i leatha chun na margaidh i a cheannach èisg, measan agus rus. Nuair a fhuair i na rudan a bha a dhìth oirre, thill iad air ais dhachaigh.



Dh'fhuirich Tabitha còmhla ris  
A' Bh-ph. Koyama agus a h-uile latha  
bha a spòg a' sìor fhàs na b' fheàrr.  
Cha b' fhada gus an robh i a' coiseachd  
cho math 's a bha i riamh, agus thòisich i  
a' dol mu chuairt leatha fhèin.



## Caibideil 2



Aon latha nuair a thill Tabitha air ais,  
cha robh i a' faicinn sgeul air  
A' Bh-ph. Koyama sa ghàrradh.




Choimhead i am  
measg nan lusan.

Choimhead i am  
measg nam bun-lusan.  
Ach cha robh sgeul  
oirre an sin na bu  
mhotha.







Às dèidh sin chuala Tabitha fuaim.  
Ruith i a-steach dhan taigh agus an sin  
chunnaic i A' Bh-ph. Koyama na sìneadh  
air ùrlar a' chidsin.  
“Miau!” Rinn an cat mialaich, ach cha  
do ghluais A' Bh-ph. Koyama agus bha a  
sùilean dùinte.  
Chunnaic Tabitha stòl air a' chliathaich.  
Saoil an do thuit A' Bh-ph. Koyama far  
an stùil?

Ruith Tabitha a-mach às an taigh gus  
an lorgadh i cuideachadh. Ruith i cho  
luath 's a b' urrainn dhi chun an ath  
thaigh sìos an t-sràid.  
“Miau!” Rinn i mialaich, ach cha tàinig  
duine.







Mar sin ruith Tabitha chun an ath thaigh.

“Miau! Miau!” Rinn i mialaich, cho cruaidh ’s a b’ urrainn dhi.

Ach cha tàinig duine.

Chùm i oirre chun an ath thaigh.

Rinn i mialaich chruaidh, “Miau! Miau! Miau!”

An turas seo bha cuideigin ann.

Chuala Tabitha cuideigin a-staigh san taigh. Dh’fhosgail an doras agus chaidh Tabitha a-steach.





Bha duine an sin san rùm.

“Miau!” rinn Tabitha.

Thionndaidh an duine.

“Teich à seo! Gabh a-mach!”

Ach cha do charaich Tabitha.



“Mach! Mach!” ars an duine a-rithist.

Ach cha ghluaisedh Tabitha. An uair


sin chunnaic Tabitha fàinne òir air bòrd.

Leum i suas. Thog i an fhàinne na beul

agus ruith i mach an doras leatha.







Ruith Tabitha sìos an rathad agus an duine às a dèidh. “Till air ais! Leig às sin, a chait mhosaich!” dh’èigh e. Ach chùm Tabitha oirre a’ ruith gus an do ràinig i an taigh aig A’ Bh-ph. Koyama.

Ruith i a-steach dhan chidsin agus chuir i an fhàinne sìos air an làr far an robh A’ Bh-ph. Koyama na sìneadh.







Dìreach sa mhionaid sin ruith an duine a-steach dhan chidsin agus chunnaic e A' Bh-ph. Koyama air an ùrlàr. Dhìochuimhnich e mun fhàinne, agus thog e am fòn gus fònadh airson ambaileans.

Cha b' fhada gus an tàinig ambaileans a dh'fhalbh leis A' Bh-ph. Koyama. Nuair a dh'fhalbh i thog Tabitha an fhàinne agus thug i air ais dhan duine i. "Tapadh leatsa," thuirt an duine. "Nach bu tu an cat glic! Faodaidh tu fuireach còmhla rium fhèin fhad 's a tha A' Bh-ph. Koyama air falbh."





Nuair a thill A' Bh-ph. Koyama air ais,  
thill an duine Tabitha thuice. Dh'innis e  
dhan Bh-ph. Koyama mun fhàinne agus  
mar a chaidh Tabitha a dh'iarraidh  
cuideachadh.

“Tapadh leatsa, a' chait!”

ars A' Bh-ph. Koyama.

“S tu fhèin a tha glic.”



An dèidh dhan duine falbh thug  
A' Bh-ph. Koyama leatha Tabitha dhan  
ghàrradh. Shuidh i sìos fon  
chraoibh bhlàth-sirist agus chuir i  
Tabitha air bogsa ri a taobh.



“Ann an greiseag bheag thèid mi fhèin  
's tu fhèin dhan mhargaidh airson iasg mòr.  
Còrdaidh sin riut, nach còrd?”

ars A' Bh-ph. Koyama.

Ach nuair a choimhead A' Bh-ph. Koyama  
sìos cha robh sgeul air Tabitha.

Cha robh i a' fuireach fada an àite sam  
bith oir 's e cat falbhain a bha innte.



Foillsichearan Foghlaim Heinemann  
Halley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ  
carrann de Fhoghlam agus Foillseachadh Proifeiseanta Reed Earr.

OXFORD MELBOURNE AUCKLAND  
IBADAN JOHANNESBURG BLANTYRE GABORONE  
PORTSMOUTH NH (USA) CHICAGO

© Tony Langham 1997

A' chiad fhoillseachadh 1997  
A' chiad fhoillseachadh sa Ghàidhlig 2005

A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

2005, 2004, 2003  
10 9 8 7

© na Gàidhlig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte  
air MRG. Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo  
ath-riochdachadh an cruth sam bith no an dòigh sam bith gun chead ro-làimh bho  
Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair.

**Data Catalogadh ann am Foillseachadh an Leabharlann Bhreatainn**  
Gheibhear clàr-catalogaidh airson an leabhair seo bho Leabharlann Bhreatainn.


Tha Tony Langham a' dleasadh còir mhoralta airson a bhith air a chomharrachadh  
mar ùghdar na h-obrach seo.

Clò-bhuailte le Scotprint, Haddington.

LAGE/ISBN 0 86152 609 0



Saoghal bheathaichean



## Tabitha agus na blàthan-sirist

'S toil le Tabitha a bhith a' siubhal gu dùthchannan a tha fada air falbh.  
Leugh mar a thachair dhi ann an Iapan.



Saoghal bheathaichean:

**Tabitha agus na blàthan-sirist**

Tabitha air bàta a' chanàil

Tabitha anns a' bhaile mhòr

Tabitha agus an cobra

ISBN 0-86152-609-0



9 780861 526093

  
Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig

